

| ENGLISH  | GAELIC   |
|--|--|
| SHAPING OUR FUTURE SERVICE: YOUR SAY SUMMARY   | A' CUMADH AR SEIRBHEIS SAN ÀM RI TEACHD: TOG DO GHUTH - GEÀRR-CUNNTAS  |
| INTRODUCTION   | RO-RÀDH  |
| We want to be a modern fire and rescue service that is ready for the challenges of Scotland's future.  | Tha sinn airson a bhith nar seirbheis smàlaidh is teasairginn ùr-nodha a tha deiseil airson dùblain na h-Alba san àm ri teachd.  |
| We want to do more for our communities – not just by responding to incidents but by stopping them from happening.  | Tha sinn airson barrachd a dhèanamh airson ar coimhairsnachdan – chan ann a-mhàin le bhith a' dèildeadh ri cùisean èiginn ach le bhith a' cur bacadh orra bho bhith a' tachairt sa chìad dol a-mach.   |
| To make sure we have the right resources in the right place at the right time we need to change.   | Gus dèanamh cinnteach gu bheil na goireasan ceart againn san àite cheart aig an àm cheart feumaidh sinn atharrachadh.  |
| This document sets out areas we could change but we need your help to make sure we get this right for the communities we serve.                              | Tha an sgriobhainn seo a' mìneachadh rudan a dh'fhaodamaid atharrachadh ach tha feum againn air cuideachadh bhuat gus dèanamh cinnteach gun dèan sinn seo gu ceart do na coimhairsnachdan a tha sinn a' frithealadh.                                 |
| We want to hear your views on what you want from the Scottish Fire and Rescue Service.   | Tha sinn airson ur beachdan a chluinnntinn air na tha sibh ag iarraidh bho Sheirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba.   |
| The views we gather will help us to develop change options for full public consultation later this year.   | Cuidichidh na beachdan a chruinnicheas sinn sinn gus roghainnean atharrachaidh a chruthachadh airson a dhol a-mach gu làn cho-chomhairleachadh poblach nas fhaide air adhart am-bliadhna.  |
| WHY DO WE NEED TO CHANGE   | CARSON A DH'FHEUMAS SINN ATHARRACHADH?   |
| The types of incidents we attend are changing and different parts of Scotland need different services from us. This means we need to change how we work too. | Tha na seòrsaicéan tachartais a bhios sinn a' frithealadh ag atharrachadh agus tha feum aig diofar sgìrean de dh'Alba air diofar sheirbheisean bhuainn. Tha seo a' ciallachadh gum feum sinn an dòigh sam bith sinn ag obair atharrachadh cuideachd. |
| For example, we are seeing fewer house fires but more flooding and wildfire incidents.   | Mar eisimpleir, tha sinn a' faicinn nas lugha de theintean taighe ach barrachd thuiltean agus barrachd theintean air a' bhlàr a-muigh.   |

|  |   |
|--|---|
| We know some of our fire stations are in areas to support risks that are no longer there – like heavy industry such as shipyards or coal mines.                                      | Tha fios againn gu bheil cuid de na stèiseanan smàlaidh againn ann an sgìrean gus dèiligeadh ri cunnartan nach eil ann tuilleadh - leithid cunnartan co-cheangalte ri gnìomhachasan troma leithid gàrraidhean-shoithichean no mèinnean guail.                               |
| Some of our fire stations are also no longer fit for purpose and require significant investment to make them safer and more suitable for our staff.                                  | Chan eil cuid de na stèiseanan smàlaidh againn iomchaidh tuilleadh agus tha feum aca air tasgadh mòr gus an dèanamh nas sàbhailte agus nas freagarraiche dhan luchd-obrach againn.  |
| For example, we need to address issues with contamination where our firefighters are being exposed to dangerous materials and ensure our buildings have suitable welfare facilities. | Mar eisimpleir, feumaidh sinn aghaidh a chur air truailleadh far a bheil an luchd-smàlaidh againn a' tighinn fo bhuaidh stuthan cunnartach agus dèanamh cinnteach gu bheil goireasan sochair iomchaidh anns na togalaichean againn.   |
| We also have 14 fire stations with Reinforced Autoclaved Aerated Concrete (RAAC) panel issues which require a permanent solution.  | Tha 14 stèiseanan smàlaidh againn cuideachd le pannalan concrait RAAC a tha na adhbhar dragh dhuinn agus a dh'fheumas fuasgladh maireannach.  |
| Our communities are changing too with more people living longer at home who need additional support.   | Tha na coimhlearsnachdan againn ag atharrachadh cuideachd le barrachd dhaoine a' fuireach aig an taigh nas fhaide aig a bheil feum air taic a bharrachd.  |
| We know we can do more to keep Scotland safe. We want to focus on prevention to make communities safer so we can reduce demand on both us and other public services.                 | Tha fios againn gum b' urrainn dhuinn barrachd a dhèanamh gus Alba a chumail sàbhailte. Tha sinn airson fòcas a chur air casg gus coimhlearsnachdan a dhèanamh nas sàbhailte gus an urrainn dhuinn an ìre iarrtais oirnne agus air seirbheisean poblach eile a lùghdachadh. |
| We are also committed to reducing our carbon footprint which means investing in more energy efficient buildings and vehicles.  | Tha sinn cuideachd gu mòr airson ar lorg carboin a lùghdachadh a tha a' ciallachadh a bhith a' tasgadh ann an togalaichean agus carbadan a tha nas lùth-èifeachdaiche.  |
| -----  | -----   |
| WHAT COULD CHANGE?   | DÈ A DH'FHAODADH ATHARRACHADH?  |
| Some, all, or a combination of these changes could be implemented throughout the Service.  | Ghabhadh cuid de na h-atharrachaidhean seo, no na h-atharrachaidhean seo uile, no measgachadh dhiubh a chur an gnìomh air feadh na Seirbheis.   |
| Developing the firefighter role  | A' leasachadh dreuchd an smàladair  |

|  |  |
|--|--|
| We would like to develop the role of our firefighters. We could work with our public service partners to take on more prevention work in our communities or support other emergency response activities. | Bu mhath leinn dreuchd ar smàladairean a leasachadh. Dh'fhaodamaid obrachadh le ar com-pàrtichean anns na seirbheisean poblach gus barrachd obair casg a dhèanamh nar coimhersnachdan no gus taic a thoirt do ghnìomhachd freagairt èiginn eile.   |
|  |  |
|  |  |
| Changing where our stations and appliances are based   | Ag atharrachadh far a bheil na stèiseanan agus na h-innealan againn stèidhichte  |
|  |  |
| Some of our stations are not in the best places to meet the current risks faced in communities.  | Chan eil cuid de na stèiseanan againn anns na h-àiteachan as fheàrr airson dèiligeadh ris na cunnartan a tha mu choinneamh choimhersnachdan aig an àm seo.   |
|  |  |
| We could change where our stations and appliances are based. This could involve merging stations in similar locations to better reflect risk and demand.   | Dh'fhaodamaid atharrachadh a thoirt air far a bheil na stèiseanan agus na h-innealan againn stèidhichte. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' cur stèiseanan còmhla ann an àiteachan faisg air a chèile gus am biodh iad a' frithealadh nas fheàrr air ìrean cunnairt agus iarrtais. |
|  |  |
| Merging or moving stations would allow us to use our resources elsewhere and invest in new stations where required.  | Nan cuireamaid stèiseanan còmhla, no nan rachadh an gluasad, dh'fhaodamaid na goireasan againn a chleachdadh ann an àiteachan eile agus tasgadh a dhèanamh ann an stèiseanan ùra far a bheil feum orra.  |
|  |  |
| By changing our footprint, we can reduce our running costs and potentially generate income from sites being sold.  | Le bhith ag atharrachadh far a bheil na toglaichean againn, is urrainn dhuinn na cosgaisean ruith againn a lùghdachadh agus is dòcha teachd a-steach a dhèanamh tro na làraichean a thèid a reic.  |
|  |  |
| Building new stations would also help to address issues with contamination and suitable welfare facilities while providing staff with a modern workplace.  | Chuideachadh a bhith a' togail stèiseanan ùra cuideachd gus dèiligeadh ri ceistean a thaobh truailleadh agus goireasan sochair iomchaidh agus aig an aon àm, bheireadh e àite-obrach ùr do luchd-obrach.   |
|  |  |
|  |  |
| Changing how and when we staff our resources   | Ag atharrachadh ciamar agus cuin a bhios sinn a' cleachdadh ar luchd-obrach  |
|  |  |
| Our wholetime firefighters provide cover at some stations 24 hours a day, 7 days a week.   | Bidh na smàladairean làn-ùine againn a' toirt seachad còmhdaich 24 uair san latha, 7 latha san t-seachdain ann an cuid de na stèiseanan againn.  |
|  |  |

|   |   |
|---|---|
| Our on call (retained) firefighters provide the same service but are called to attend emergencies via a pager.  | Bidh na smàladairean air gairm (glèidhte) againn a' toirt seachad na h-aon seirbheis, ach thèid an gairm gus tighinn gu cùisean èiginn le pèidsear.   |
| We also have on call (volunteer) firefighters and Community Response Units who respond to specific types of incidents via a pager system.   | Tha luchd-smàlaidh air gairm (saor-thoileach) againn cuideachd agus Aonadan Freagairt Coimhearsnachd a bhios a' dèiligeadh ri seòrsachan sònraichte de thachartasan tro shiostam pèidseir.  |
| These are all types of duty systems. Some stations use one type of duty system and others use a mix.  | Tha iad sin uile nan seòrsaichean de shiostaman clàr-obrach Bidh cuid de stèiseanan a' cleachdadh aon seòrsa de shiostam clàr-obrach agus cleachdaidh cuid eile measgachadh dhiubh.   |
| We could change duty systems in some areas where appropriate. For example, we could have wholetime firefighters during the day and on call firefighters at night.                 | B' urrainn dhuinn na shiostaman clàr-obrach againn atharrachadh ann an cuid de sgìrean far a bheil sin iomchaidh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh luchd-smàlaidh làn-ùine a bhith againn tron latha agus luchd-smàlaidh air gairm air an oidhche. |
| Changing how we attend emergencies  | Ag atharrachadh mar a bhios sinn a' frithealadh air suidheachaidhean èiginn   |
| Our crewing model – which is the number of firefighters in appliances that attend an emergency – is another area we could explore for change.                                     | Tha modail nan criutha againn - is e sin an àireamh de luchd-smàlaidh ann an innealan-smàlaidh a bhios a' frithealadh cùis èiginn - na raon eile sam b' urrainn dhuinn beachdachadh air atharrachadh a dhèanamh.                              |
| Different models are used throughout the UK and there could be options to change the crewing arrangements for different appliances in individual stations.                        | Tha diofar mhodailean gan cleachdad air feadh na RA agus dh'fhaodadh roghainnean a bhith ann airson gus na rèiteachaidhean criutha atharrachadh airson diofar innealan-smàlaidh ann an diofar stèiseanan.                                     |
| Rationalising our corporate buildings   | Ag ath-sgrùdadh nan toglaichean corporra againn   |
| Our corporate buildings provide working space for both uniformed and support staff.   | Tha na toglaichean corporra againn nan àiteachan obrach an dà chuid airson smàladairean agus luchd-obrach taic.   |
| We have already closed our West Service Delivery Area Headquarters at Hamilton after the site was designated as surplus to requirements, saving £500,000 in annual running costs. | Tha sinn mar-thà air Prìomh Oifis Sgìre Libhrigeadh Seirbheis an lar ann an Hamaltan a dhùnadh às dèidh dhuinn co-dhùnadh nach robh an làrach a dhìth tuilleadh, a' sàbhaladh £500,000 ann an cosgaisean ruith bliadhnaill.                   |

|   |  |
|---|--|
| We could create savings to invest in other areas by closing additional sites.   | Dh'fhaodadh sinn sàbhalaidhean a dhèanamh gus am b' urrainn dhuinn barrachd a thasgadh ann an àiteachan eile le bhith a' dùnadh làraichean a bharrachd.  |
| NEXT STEPS  | NA H-ATH-CHEUMAN   |
| You can read the full version of this document on our website.  | Faodar an sgrìobhainn air fad a leughadh air an làraich-lìn againn.  |
| To share your views please complete our online survey or email:<br><a href="mailto:SFRS.PublicInvolvement@firescotland.gov.uk">SFRS.PublicInvolvement@firescotland.gov.uk</a> | Gus do bheachdan a thoirt dhuinn, lòn an suirbhidh air-loidhne no cuir post-d gu:<br><a href="mailto:SFRS.PublicInvolvement@firescotland.gov.uk">SFRS.PublicInvolvement@firescotland.gov.uk</a>                  |
| Once we have completed this exercise, we will review all feedback. This will be used to help develop options for public consultation.   | Aon uair 's gu bheil sinn air an eacarsaich seo a chriochnachadh, nì sinn ath-sgrùdadh air na beachdan uile a fhuair sinn. Thèid seo a chleachdadh gus roghainnean a chruthachadh airson co-chomhairle phoblach. |
|   |  |